

**Faigh barrachd taice
saor an-asgaidh ri linn
gearraidhean-cumhachd.
airson Seirbheisean le
Prìomhachas.**



Scottish & Southern
Electricity Networks

Cuideachadh a bharrachd dhan fheadhainn as motha feum air

Is sinne na daoine ris a bheil na h-uèirichean is na càballan a bheir dealan do choimhearsnachdan ann an ceann a tuath na h-Alba agus meadhan ceann a deas Shasainn an urra. **Cha sinne a' chompanaidh a chuireas na cunntasan-dealain thugad** – is e an obair a tha againn lionraidhean an dealain a chumail suas is a chàradh. Tha e an urra rinn cuideachd gearraidhean-cumhachd a chur ceart cho luath is cho sàbhailte is a ghabhas.



Tha fios againn gum faod gearradh-cumhachd iomagain no dragh a chur ort, is e sin as coireach gu bheil sinn a' tairgse taic is cuideachadh a bharrachd saor an-asgaidh. Faodaidh sinn do chuideachadh fada nas fheàrr, agus nas luaithe, ma bhios fios againn ro làimh dè an taic a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith a dhìth ort. Ma tha thu airson clàradh do Sheirbheisean le Prìomhachas, fiù ged nach biodh ann ach rè ùine, nach cuir thu fios thugainn air **0800 294 3259** no nach lìon thu a-steach a' bhileag an cois seo.



Faodaidh gum bi thu ag iarraidh clàradh mas e:

- Gu bheil thu bodhar no mall sa chlaisneachd
- Gu bheil ciorram ort
- Gu bheil thu a' fuireach le clann fo aois còig
- Gu bheil thu dall no mall san fhradharc
- Gu bheil tinneas leantalach a' cur ort
- Gu bheil thu a' cleachdadh acfhainn-/ghoireasan-leigheis a tha feumach air dealan
- Gu bheil thu os cionn 60

Gun teagamh, tha caochladh fheumalachdan aig daoine, mar sin feuch an cuir thu fios thugainn gus na fheumalachdan agad fhèin a dheasbad.

Na h-amasan againn



Làimhseachadh le Prìomhachas ri linn gearradh-cumhachd

Tha loidhne nan Seirbheisean le Prìomhachas againn fosgailte 24 uairean a thide gach là. Cuiridh sinn fios thugad, no don neach a dh'ainmich thu ma dh'fheumas sinn an cumhachd agad a ghearradh dheth gus obair-gleidhidh dheatamach a dhèanamh.



Ceangal ri seirbheisean-èiginn ionadail

Bidh sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail, seirbheisean-èiginn is buidhnean-gnìomha mar Chomann Croise Deirge Bhreatainn gus barrachd taice a thort do dhaoine air Clàr nan Seirbheisean le Prìomhachas againn.



Solar cumhachd èiginn

Ma chleachdas tu acfhainn -/goireasan-leigheis a tha feumach air dealan, tha e nar n-amas gineadairean a ghabhas giùlan a thoirt seachad nuair a bhios gearraidhean-cumhachd fada ann.

Comhairle mu shàbhailteachd a rèir nam feumalachdan agad fhèin



Nuair a dh'iarrar, bheir sinn comhairle dhut air mar a dh'ullaicheas tu airson gearradh-cumhachd ann an riochd a tha a' freagairt air do chuid fheumalachdan, m. e. Braille, fòn-teacsa, clàr-claisneachd no ann an cànan seach Beurla.

Ullachaidhean airson na coimhearsnachd agad



Nuair a bhios an-uair ann agus an cumhachd dheth fad ùine fhada, bidh an ceangal a tha againn ri carbadan-sochaire ionadail a' cuideachadh rinn gus biadh, deoch, teas agus ionadan-teàirrrsidh a thoirt seachad.

Fois-intinn



Tha sinn a' tairgse seirbheis far an aontaich thu facal-faire ri chleachdadh nuair a thathar a' dèiligeadh ris an sgioba aig Lionraidhean Dealain na h-Alba is a' Chinn Deas. San dòigh sin, coimheadaidh sinn an dèidh do shàbhailteachd phearsanta is do thèarainteachd aig an taigh.

Tha na Seirbheisean le
Prìomhachas air fad againn
SAOR AN-ASGAIDH



Scottish & Southern
Electricity Networks

**POWER CUT?
CALL 105**



Clàraich airson Seirbheisean le Prìomhachas an-diugh.

Lion a-steach a' bhileag no cuir fòn
AN-ASGAIDH



0800 294 3259



0800 316 5457 fòn-teacsa

Faigh a-mach barrachd



ssen.co.uk/priorityservices

Bi ullamh airson gearraidhean-cumhachd.



Biodh aodach blàth agus biùgan le
bataraidh air làimh agad.



Feuch a bheil cumhachd-taice agad
d'acfhainn-leigheis sam bith.



Feuch an gabh àrdaichear na staidhre
agad obrachadh le làimh no a bheil
stòras anns a' bhataraidh aige.



/ssencommunity



@ssencommunity

Is e Scottish and Southern Electricity Networks ainm marsantachd aig: Scottish and Southern Energy Power Distribution Limited Clàraichte ann an Alba Àir.SC213459; Scottish Hydro Electric Transmission plc Clàraichte ann an Alba Àir. SC213461; Scottish Hydro Electric Power Distribution plc Clàraichte ann an Alba Àir.SC213460; (aig a bheil an Oifisean Clàraichte uile aig Taigh Inbhir Amain 200 Rathad Dhùn Chailleann Peairt); agus Southern Electric Power Distribution plc Clàraichte an Sasainn agus sa Chuimrigh Àir. 04094290 aig a bheil an Oifis Chlàraichte aig Àir.1 Ionad Forbury Place 43 Rathad ForburyReading RG1 3JH a tha nam buill de Bhuidheann SSE www.ssen.co.uk

Bileag-chlàraidh Sheirbheisean le Prìomhachas

Fios

mun neach a dh'fhaodadh a bhith feumach air barrachd cuideachaidh ri linn gearradh-cumhachd

Tìotal	<input type="text"/>	Ciad ainm	<input type="text"/>
		Sloinneadh	<input type="text"/>
Seòladh	<input type="text"/>		
	<input type="text"/>	Còd-puist	<input type="text"/>
Fòn-dachaigh	<input type="text"/>		
Fòn-làimhe	<input type="text"/>		
Fòn-teacsa	<input type="text"/>		

Tèarainteachd airson turas do do dhachaigh

(10 comharraidhean air a' char as motha)
Ma tha thu ag iarraidh gun cleachd sinn facal-faire nuair a thadhlas sinn, cuir a-steach an seo e mas e do thoil e:

Neach ainmichte (mas iomchaidh)

Caraid no ball den teaghlach a dh'fhaodas sinn fios a chur thuca mu Sheirbheisean le Prìomhachas agus gearraidhean-cumhachd.

Tìotal	<input type="text"/>	Ciad ainm	<input type="text"/>
		Sloinneadh	<input type="text"/>
Fòn-dachaigh	<input type="text"/>		
Fòn-làimhe	<input type="text"/>		
Fòn-teacsa	<input type="text"/>		
Dàimh	<input type="text"/>		

Airson fios air mar a bhios sinn a' tionail, a' gleidheadh agus a' giullachd an fhiosrachaidh agad, faic am Fios mu Phrìobhaideachd againn aig ssen.co.uk/PrivacyNotice/ (cuir fios thugainn gus lethbhreac pàipeir fhaighinn).

Mas e nach eil Seirbheisean le Prìomhachas a dhith ort a thuilleadh, cuir fòn thugainn aig **0800 294 3259** no air fòn-teacsa aig **0800 316 5457** no air **Networks.Priority.Services@sse.com**, agus bheir sinn a-mach às a' chlàr thu.

Bileag-chlàraidh do Sheirbheisean le Prìomhachas

Adhbhar airson clàradh (cuir dioig anns gach bogsa iomchaidh)

Acfhainn-/goireasan-leigheis
a tha feumach air dealan

Seòrsa acfhainn

- | | | |
|--|---|--|
| <input type="checkbox"/> Tinneas leanaltach | <input type="checkbox"/> Dall | <input type="checkbox"/> Mall san fhradharc |
| <input type="checkbox"/> Duilgheadasan le labhairt | <input type="checkbox"/> Ciorram corporra | <input type="checkbox"/> Os cionn 60 |
| <input type="checkbox"/> Seargadh-inntinn | <input type="checkbox"/> Bacadh air gluasad | <input type="checkbox"/> Cor-leasachaidh |
| <input type="checkbox"/> Call claisneachd no buidhre | <input type="checkbox"/> Teaghlaidhean le clann fo aois 5 | <input type="checkbox"/> Slàinte-inntinn |
| Sealach: | | |
| <input type="checkbox"/> Inbheach òg | <input type="checkbox"/> Aiseag an dèidh an ospadail | <input type="checkbox"/> Atharrachadh air beatha |

Adhbharan eile airson taic a bharrachd (sònraich mas e do thoil e)

Mura h-e a' Bheurla a' chiad chànan agad, nach innis thu dhuinn dè a tha ann?

Ciamar a chuala thu mar deidhinn?

Na tha t' ainm ris a' bhileig seo a' ciallachadh dhut

Le bhith a' cur t' ainm ris a' bhileig seo tha thu a' dearbhadh gur dòcha gun fheum sinn fios mu do dheidhinn a chur gu treas pàrtaidhean ann an èiginn gus an toir sinn Seirbheisean le Prìomhachas dhut; math dh'fhaodte gun gabh seo a-steach Crois Dhearg Bhreatainn, ùghdarrasan ionadail no seirbheisean-èiginn. Ma tha neach ainmichte agad tha thu a' ceadachadh gu follaiseach gum faod sinn bruidhinn ris an neach ainmichte às do leth nuair a thathar a' toirt Sheirbheisean le Prìomhachas. Faodaidh gum bi seo a' ciallachadh gun sgaoil sinn fios mu do dheidhinn agus an solar agad leotha.

Ainm ann an clò

Ceann-latha

Ainm-sgrìobhte

A' sgaoileadh do chuid fiosrachaidh

Le do chead, faodaidh sinn do chuid fiosrachaidh a chur dhan t-solaraidhe-dealain agad agus an luchd-ghiùlain gas agad a dh'fhaodadh Seirbheisean le Prìomhachas a bhiodh nam buannachd dhut a thairgse cuideachd.

Tha mi a' ceadachadh gun sgaoilear mo chuid fiosrachaidh

Cuir mas e do thoil gu:

Seirbheisean le Prìomhachas, Lionraidhean-dealain na h-Alba is a' Chinn a Deas, POST SAOR, RTGH-TXXT-ZAEG Taigh Inbhir Amain, Rathad Dhùn Chailleann, Peairt, PH1 3AQ